

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

22/06/11

Airson cleachdadh sa bhad

BORD NA GÀIDHLIG A' MOLADH AITHISG ÙR HMIE

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann le uallach airson adhartachadh is leasachadh na Gàidhlig a thuilleadh air a bhith a' comhairleachadh Ministearan Riaghaltas na h-Alba, air fàilte a chur air an fhiosrachadh ann an aithisg ùr HMIE mu fhoghlam Gàidhlig gu bheil neartan cudromach ann am Foghlam Gàidhlig, agus gu sònraichte ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig do sgoiltean, cheannardan agus chom-pàirtichean uile.

Tha am Bòrd a' cur fàilte air co-dhùnaidhean na h-aithisg, le bhith a' togail air na neartan sin gum bi an comas aig Alba a bhith na mhodail eadar-nàiseanta de dheagh chleachdadh ann a bhith ag àrdachadh choimhearsnachdan mion-chànanach air feadh na Roinn Eorpa.

Tha an aithisg a' togail air prìomh roinnean a th' air cur ris an àrd-ìre de dh'fhoghlam Gàidhlig a fhuair a' luchd-sgrùdaidh. Tha an aithisg cuideachd air eòlas a chur air nithean a tha a' cur bacadh air a leithid de sheirbheis agus a' deanamh mholaidhean a th' air an dèanamh a dh'aon ghnòthaich mar fhreagairt do na bacaidhean seo .

Tha na prìomh thoraidhean a thogadh ann an Ro-Innleachd Nàiseanta Foghlaim Gàidhlig, a bhios aig cridhe an dàrna Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, gan deasbad ann an dreach le Bòrd na Gàidhlig an-diugh (Diciadain 22 Òg Mhìos) aig coinneamh ann an Steòrnabhagh.

Tha an dreach Ro-Innleachd Foghlaim Gàidhlig Nàiseanta air a leasachadh le Bòrd na Gàidhlig ann an com-pàirteachas le buidhnean nàiseanta, Ùghdarrasan Ionadail agus prìomh luchd-ùidh eile le uallach airson taic a chur ri agus liubhairt Foghlam Gàidhlig.

Thuir Mairi Nic Ille Mhaoil, Leasaiche Foghlaim is Ionnsachadh a' Bhùird: "Tha rannsachadh neo-eisimeileach air buannachdan dà-chànanas co-cheangailte ri Foghlam Gàidhlig a thaisbeanadh mar-thà . Tha an aithisg seo, "Foghlam Gàidhlig: A' togail air nithean

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



soirbheachail, a’ dèiligeadh ris na bacaidhean” a’ togail gu cuideachail air na soirbheachaidhean agus na cothroman co-cheangailte ri Foghlam Gàidhlig agus na cnapan-starra air am feumar faighinn thairis gus dèanamh cinnteach à leasachadh leantainneach. Tha seo gu mòr a rèir an fheallsanachd agus a rèir nam prionnsapalan aig Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha sinn a’ coimhead air adhart a-nis ri bhith ag obair gu dlùth le ar com-pàirtichean gus togail air na soirbheachaidhean agus faighinn seachad air na cnapan-starra. Bidh seo a’ gabhail a-steach mar eisimpleir, seirbheis tràth-bhliadhnaichean, pàrantan, ceannardan-sgoile agus leasachadh proifeiseanta leantainneach. Far a bheil sin riatanach, le taic bho ar com-pàirtichean, bheir sinn comhairle do Mhinistearan mu stiùireadh sam bith eile air foghlam tron Ghàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil an siostam ag obair gu h-èifeachdach do gach neach.”

Deireadh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint an fhios naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh agus Corporra air 07557 481 081.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For immediate use

BORD NA GÀIDHLIG APPLAUDS NEW HMIE REPORT

Bòrd na Gàidhlig, the statutory body responsible for the promotion and development of Gaelic, including advising Scottish Government Ministers, welcomed the recognition in the newly published HMIE Report on Gaelic Education that there are significant strengths in Gaelic Education, and Gaelic-medium in particular, for schools, leaders and partners to build on.

The Bòrd also welcomes the report's conclusions that, building on these strengths, Scotland has the potential to become an international model of best practice in the promotion of minority language communities across Europe.

The report sets out some key factors that have contributed to the most successful high quality, Gaelic education encountered by Inspectors. The report has also identified factors that appear to constrain such provision and makes recommendations that are designed to address these constraints.

The key issues identified are being addressed in the National Gaelic Education Strategy, which will be central to the second National Plan for Gaelic a draft of which will be discussed by Bòrd na Gaidhlig at a meeting in Stornoway today (22 June 2011).

The draft National Gaelic Education Strategy has been developed by Bòrd na Gàidhlig in partnership with national Bodies, Local Authorities, and other key stakeholders responsible for supporting and delivering Gaelic Education.

The Bòrd's Head of Education and Learning, Mary MacMillan, said: "Independent research has already demonstrated the benefits of bilingualism associated with Gaelic Education. This report, "Gaelic Education: Building on the successes, addressing the barriers" helpfully both highlights the successes and opportunities relating to Gaelic Education and the barriers that we have to overcome to ensure continuous improvement. This is very much in line with the ethos and principles of the Curriculum for Excellence. We now look forward to working closely with our partners to build on the successes and overcome barriers. This will entail

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



supporting for example, pre-school provision, parents, school leaders, and continuing professional development. Where it is necessary, with the support of our partners, we will give advice to Ministers on further guidelines for Gaelic-medium education to ensure that the system works effectively for everyone.”

Ends

For further information on the contents of this news release, please contact Steven MacIver, Communications & Corporate Affairs Officer on 07557 481 081.